Cuspair Clàir-ghnothaich	**7**
Àir. Aithisge	**G/17/26**

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh:	**Gàidhlig**
Ceann-latha:	**18 Samhain 2026**
Tiotal Aithisge:	**Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBtG) – Luirg**
Aithisg le:	**Iar-Àrd-Oifigear – Daoine**

1.	**Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach**
1.1	’S e adhbhar na h-aithisge seo toraidhean a’ phròiseis mheasaidh airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBtG) ann am Bun-Sgoil Luirg a thaisbeanadh agus beachdan nam Ball a shireadh a thaobh co-dhiù a bu chòir solar FBtG a dhol air adhart.
2.	**Molaidhean**
2.1	Thathar ag iarraidh air Buill: i. toirt fa-near do thoraidhean a’ mheasaidh airson FBtG agus dhan mholadh a dhol air adhart le FtG ann am Bun-Sgoil Luirg gus coinneachadh ris an iarrtas; i. toirt fa-near gum bi moladh a dhol air adhart a’ lìbhrigeadh mu choinneimh gealltanas Chomhairle na Gàidhealtachd gun toirear brosnachadh is fàs air Foghlam tron Ghàidhlig (FtG); agus ii. toirt fa-near do na goireasan a tha a dhìth gus taic a chur ri bhith a’ cur FtG air bhonn ann am Bun-Sgoil Luirg.
3.	**Builean**
3.1	Goireas Tha caiteachas na Comhairle air tidsearan Gàidhlig a’ tighinn bho bhuidseatan bunaiteach na Comhairle agus chan eilear ga mhaoineachadh tro Thabhartas Sònraichte Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba (TSG). Ann an 26/27, bidh buidseatan bunaiteach a’ faighinn taic bho thabhartas TSG de suas ri 7% de chosgais iomlan luchd-obrach Gàidhlig ann an sgoiltean na Gàidhealtachd thar 3–18. Tha cosgais a’ bhuidseit bhunaitich airson Foghlam Gàidhlig 3–18 ann an 26/27 aig £7.8M.

3.2	Laghail Tha dleastanas air ùghdarrasan a bhith a' brosnachadh is a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig. Tha FBtG gu sònraichte a' buntainn ri Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Tha solar an Achd a thaobh pròiseas measaidh FBtG ga chur mar dhleastanas air ùghdarrasan foghlaim gum brosnaich is gun toir iad taic do dh'iarrtasan airson foghlam bun-sgoile Gàidhlig.	
3.3	Cunnart Tha am pròiseas measaidh airson FBtG stèidhichte air ro-bheachd a tha fàbharach do sholar ma tha toraidhean a' mheasaidh a' cur taic ri bhith a' dol air adhart. Ma thathar a' co-dhùnadh gun a dhol air adhart, feumaidh ùghdarrasan ionadail adhbharan soilleir, stèidhichte air fianais, a thoirt seachad a tha a' mìneachadh carson a tha iad a' dealachadh bho thoradh a' mheasaidh agus na dleastanasan aige brosnachadh is taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.	
3.4	Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil cunnartan sam bith ann.	
3.5	Gàidhlig Deagh bhuaidh a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh toraidhean Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.	
4.	**Buaidhean**	
4.1	Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh na Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.	
4.2	Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach den phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.	
4.3	Measadh Buaidh Amalaichte – Geàrr-chunntas	
4.3.1	Chaidh sgrìonadh Measadh Buaidh Amalaichte a ghabhail os làimh air 9 Dàmhair 2026. Tha na co-dhùnaidhean air a bhith fo ùmhlachd ath-sgrùdadh is aonta iomchaidh luchd-stiùiridh.	
4.3.2	Tha am pròiseas sgrìonaidh air crìochnachadh agus chan eil buaidh ann.	
4.3.3	**Sgìre Measadh Buaidh**	**Co-dhùnadh Sgrìonaidh/Làn-Mheasaidh**
	Co-ionannachd	• Clann agus daoine òga – *gun bhuaidh* • Clann le ciorram – *gun bhuaidh* • Inbhich nas sine – *gun bhuaidh*

	Sòisio-eaconamach	*gun bhuaidh*
	Còraichean Daonna	*gun bhuaidh*
	Còraichean is Soirbheas Chloinne	*gun bhuaidh*
	Eilean agus Àiteachan Dùthchail air Tìr Mòr	*gun bhuaidh*
	Atharrachadh Gnàth-shìde	*gun bhuaidh*
	Còraichean Dàta	*gun bhuaidh*
5.	**Cùl-fhiosrachadh**	
5.1	Fhuair Comhairle na Gàidhealtachd iarrtas, tro phost-d, air 16 Ògmhios 2026 fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gus measadh a dhèanamh air an fheum airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBtG) ann an sgìre Luirg. Tha pròiseas measaidh FBtG air a mhìneachadh tron Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig – Bòrd na Gàidhlig Chuir pàrant a-steach an t-iarrtas às leth còignear chloinne a tha a' fuireach taobh a-staigh na Sgìre Measaidh FBtG. Tha a' chlann eadar aois mu 1 bhliadhna gu 4 bliadhna aig àm measaidh, le làithean-breith eadar an t-Ògmhios 2022 agus an t-Ògmhios 2025.	
5.2	Tha Bun-Sgoil Luirg na pàirt de Bhuidheann Sgoiltean Co-cheangailte (BSC) Ghoillspidh. Gu h-eachdraidheil, tha FtG ann am Baile Dhubhthaich air a bhith ri fhaotainn do chuid de theaghlaichean bho sgìre BSC Ghoillspidh tro ullachaidhean ionadail agus solar còmhdhail sgoile. Às dèidh co-chomhairleachadh reachdail a ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh ann an 2025, chaidh an sgìre-sgoile FtG aontaichte airson Baile Dhubhthaich a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach BSC Ghoillspidh, a' ciallachadh gu bheil Luirg a-nis taobh a-staigh na sgìre-sgoile FtG aithnichte airson solar Bhaile Dhubhthaich.	
5.3	Foghlam tron Ghàidhlig – Brosnachadh Tha brosnachadh Foghlam tron Ghàidhlig air a ghabhail os làimh tro dhòigh-obrach choitcheann ro-innleachdail is cho-òrdanaichte le Conaltradh Corporra, a tha a' co-thaobhadh ri amannan clàrachaidh agus ag amas air sgìrean far a bheil solar mar-thà no far a bheilear a' planadh solar. Ann an sgìrean às aonais solar mar-thà, tha gnìomhachd gus aire a thogail mar as trice a' faighinn taic tro dhòighean-obrach amasaichte, air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd, a' buntainn ri tràth-bhliadhnaichean agus com-pàirteachadh teaghlaich, a leithid iomairtean 0–3, a tha a' cuideachadh gus ùidh phàrantach a chomharrachadh is a thogail thar ùine. Tha an dòigh-obrach amasaichte seo a' sealltainn gum feumar prìomhachas a chur air an luchd-obrach agus na goireasan a tha rim faotainn, a' dèanamh cinnteach gun urrainnear taic a chur ri gnìomhachd bhrosnachaidh le comas solar a leasachadh is a chumail suas nuair a tha iarrtas a' tighinn am bàrr. Mar thoradh air na goireasan a tha rim faotainn, tha gnìomhachd Ghàidhlig air amas air sgìrean far a bheil atharrachaidhean ann an àireamhan sgoilearan a' dol a-steach dhan Sgoil-àraich no air sgoiltean far a bheil solar FtG mar-thà. Tha seo a'	

	cuideachadh gus aire a thogail mu FtG, taic a chur ris na tha a’ gabhail cothrom air FtG agus meud-comais nan tidsearan a th’ ann a chumail suas. Ann an sgìrean a tha a’ tighinn am bàrr, a leithid Luirg, tha solar do chloinn aois 0–3 air a leasachadh mar fhreagairt do dh’ùidh coimhearsnachd ionadail, le taic bho bhrosnachadh coitcheann a thaobh FtG rè amannan clàrachaidh tro Chonaltradh Corporra.
6.	**Measadh**
6.1	Chaidh an t-iarrtas a chuir pàrantan a-steach ath-sgrùdadh a rèir riatanasan Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Tha an t-iarrtas a’ comharrachadh miann airson cothrom air Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBtG) taobh a-staigh na sgìre measaidh agus a’ mìneachadh nan adhbharan carson a tha pàrantan dhen bheachd gum bu chòir solar ionadail a rannsachadh. Chaidh beachdachadh air an fhiosrachadh a th’ air a thoirt seachad taobh a-staigh an iarrtais mar phàirt dhen mheasadh seo agus tha seo na phàirt dhen mhion-sgrùdadh a thaobh iarrtas is solar a leanas. Tha pròiseas FBtG ga chur mar riatanas air ùghdarrasan ionadail aithisg ullachadh a tha a’ mìneachadh a’ cho-dhùnaidh, na h-adhbharan airson a bhith a’ tighinn chun a’ cho-dhùnaidh agus cuin a thathar an dùil FBtG a thòiseachadh. Feumar beachdan a shireadh bho cho-chomhairlichean reachdail. Tha nithean reachdail air an liostadh san stiùireadh airson an iarrtais agus tha an stiùireadh ag aithris gu bheil an ro-bheachd fàbharach do bhith a’ stèidheachadh solar. Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ phròifil iarrtais a chaidh a thaisbeanadh airson an àireamh chloinne a dhearbhadh, an ion-roghnachd fon reachdas, agus an àiteachan-còmhnaidh taobh a-staigh na Sgìre Measaidh FBtG. Stèidhich am pròiseas seo an ìre iarrtais làithreach. ’S e adhbhar a’ phròiseis mheasaidh FBtG dearbhadh co-dhiù a tha fianais gu leòr ann airson a dhol air adhart chun na h-ath ìre de bhith a’ stèidheachadh solar. San àbhaist bhiodh measadh air iarrtas agus air dùilean clàrachaidh a’ leantainn co-dhùnadh a dhol air adhart nuair as urrainnear solar, raointean-ama agus ullachaidhean lìbhrigidh a chonaltradh gu soilleir ri teaghlaichean. Mar phàirt dhen phròiseas mheasaidh, chaidh brosnachadh a thoirt do phàrantan a bha an làthair aig a’ choinneimh fhiosrachaidh air 10 Sultain fiosrachadh a cho-roinn mun iarrtas FBtG aca le teaghlaichean eile aig an robh ùidh agus an ùidh aca a chlàradh. Bha oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd an làthair aig coinneamh coimhearsnachd phoblach airson aire a thogail mun Ghàidhlig ann an Luirg sa Chèitean 2026 còmhla ri buidhnean Gàidhlig eile. Rinn oifigearan cinnteach gun robh fios aig pàrantan gu bheil a’ Chomhairle a’ cur fàilte air iarrtasan FBtG ma bha ùidh ann am FtG san sgìre. Thug na h-oifigearan seachad fiosrachadh cuideachd mun dòigh sa bheil Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air a ghoireasachadh is a’ faighinn taic ann am bun-sgoiltean anns an Sgìre a Tuath. Roimhe seo, sa Ghearran 2025, bha oifigearan an làthair aig Co-chomhairleachadh Poblach Sgìre-sgoile Gàidhlig Bhaile Dhubhthaich far an deach draghan mu chothrom-inntrigidh dhan Ghàidhlig ann an Luirg a dheasbad. Mar fhreagairt dhan chòmhradh seo, chaidh na leanas a chlàradh sa gheàrr-chunntas: ‘Tha sinn a’ cur

	fàilte air gealltanas na Comhairle leantainn air adhart a' brosnachadh chothroman do phàrantan iarrtas a chur a-steach airson FBtG a rèir Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.' Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart a' cur fàilte air iarrtasan agus a' cumail sùil air iarrtasan bho phàrantan airson FtG a thòiseachadh ann an Luirg. Aig an àm seo, tha iarrtas ann bho ochdnar sgoilear aig aois bun-sgoile ann an 2027/28 le ceathrar a bharrachd clàraichte a tha fo aois còig bliadhna aig an àm a chaidh am measadh fhoillseachadh. Chaidh fiosrachadh measaidh iomlan fhoillseachadh air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd, airson gèilleadh ris an stiùireadh. Iarrtas Measaidh Reachdail airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBtG) - Luirg - Comhairle na Gàidhealtachd
7.0	**Beachdan Cho-chomhairlichean Reachdail**
	Chaidh beachdan agus freagairtean clàraichte nan co-chomhairlichean reachdail fhoillseachadh ri taobh measadh na Comhairle air an fheum airson FtG ann an Luirg: Iarrtas Measaidh Reachdail airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBtG) - Luirg - Comhairle na Gàidhealtachd
8.0	**Buaidhean Ionmhasail**
8.1	Bhiodh a' phrìomh chosgais leantainneach co-cheangailte ri bhith a' stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBtG) ann an Luirg a' buntainn ri solar dreuchd teagaisg le teisteanas iomchaidh. Thathar a' meas gum biodh cosgaisean cosnaidh suas ri £68,000 sa bhliadhna, a' gabhail a-steach cosgaisean a bharrachd an fhastaiche. Tha an tuairmse seo stèidhichte air ceann shuas nan sgèilichean tuarastail nàiseanta làithreach airson tidsear clasa agus bhiodh dearbh chosgaisean an crochadh air an ìre agus air eòlas an tagraiche shoirbheachail. Bhiodh cosgaisean a bharrachd co-cheangailte ri goireasan ionnsachaidh, leasachadh luchd-obrach, taic curraicealaim agus ullachaidhean buileachaidh a tha a dhìth gus solar a stèidheachadh is a chumail suas. Bhiodh na cosgaisean seo air an gleusadh mar phàirt dhen phlanadh buileachaidh.
8.2	Tha obair mheasaidh làithreach a' beachdachadh air feumalachdan a thaobh togalach sgoile taobh a-staigh Bun-Sgoil Luirg. Tha còmhraidhean tùsail a' sealltainn gum faodadh an togalach sgoile a th' ann mar-thà a bhith comasach air taic a chur ri solar FBtG gun a bhith a' dèanamh tasgadh susbainteach a bharrachd ann an oighreachd na sgoile. Ach cha deach seo a dhearbhadh fhathast agus tha feum air barrachd planaidh obrachail. Ma dh'aontaicheas Buill a dhol air adhart, thèid measadh deireannach air goireasan a chrìochnachadh air thoiseach air solar a bhith a' tòiseachadh.
9.0	**Na h-Ath Cheumannan**
9.1	Tha am measadh air co-dhùnadh gum bu chòir moladh gun tèid solar Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBtG) a stèidheachadh ann am Bun-Sgoil Luirg fo ùmhlachd beachdachadh le Comataidh na Gàidhlig agus aonta le Comataidh an Fhoghlaim.

	Tha dearbhadh a thaobh raointean-ama airson a bhith a’ toirt FtG a-steach an crochadh air a bhith a’ fastadh luchd-obrach agus co-dhiù a tha fàrdach na sgoile deiseil. Tha an toradh a’ cur taic ris a’ ghealltanas againn a thaobh foghlam Gàidhlig agus leasachadh leantainneach FtG air feadh na Gàidhealtachd.
	Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine Ceann-latha: 7/10/2026 Ùghdaran: Lena Walker, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig, Derek Màrtainn, Ceannard Ro-innleachdail – Obrachaidhean Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig – Bòrd na Gàidhlig